




SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Prògram na h-Obrach: an t-Sultain 2023—am Màrt 2025



Tha am Prògram-obrach againn a' cur an cèill an obair a tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' planadh gus am Plana Ro-innleachdail againn a libhrigeadh. Tha Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2016 a' cur riathanas air a' Choimisean Prògram Obrach fhoillseachadh agus a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.

Tha am Prògram-obrach againn a' dèiligeadh ri ùine de 18 mìosan, agus tha sinn an dùil a bhith ga ath-ùrachadh mar a dh'fheumar gus an obair againn a chumail buntainneach agus comasach air freagairt ri prìomhachasan atharrachail taobh a-staigh a' Phlana Ro-innleachdail. Tha na h-ullachaidhean airson libhrigeadh agus goireasachadh anns gach bliadhna ionmhasail air an cur an cèill sa phlana gnothachais bhliadhnail againn.

Tha am Prògram-obrach againn airson na h-ùine an t-Sultain 2023—am Màrt 2025 mar a leanas:



A' toirt seachad comhairle air ath-leasachaidhean do lagh, poileasaidh agus cleachdadh:

Bidh sinn a' toirt fianais, anailis agus comhairle do Mhinistearan na h-Alba, Pàrlamaid agus luchd-ùidhe.

| | | |
|---|--|---|
|  |  |  |
| Ath-leasachaidhean reachdail | <p>A' toirt seachad comhairle, anailis agus fianais mar a tha a dhìth gus cumadh a thoirt do leasachadh agus buileachadh ath-leasachaidhean reachdail.</p> | <p>Leantainneach</p> |
| Riaghladh a tha nas eadar-mheasgte | <p>A' toirt seachad comhairle agus a' cur air adhart cothroman ann am poileasaidh agus cleachdadh gus taic a thoirt do mhodail riaghlaidh airson fearann a tha nas eadar-mheasgte, le fòcas air:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' brosnachadh smaoinichadh ùr a tha a' dol thar mhodhan-obrach làithreach a thaobh chòraichean seilbh • A' toirt seachad stiùireadh agus comhairle gus taic a thoirt do chleachdadh ùr-ghnàthach • A' fiosrachadh mhodhan-obrach ùra airson riaghladh a thaobh fearann, taigheadas agus goireasan nàdarra. | <p>Sultain 23 – Màrt 25</p> |
| Modhan-obrach airson luachadh fearainn | <p>A' dèanamh lèirmheas agus rannsachadh air mar a bheirear sgrùdadh do mhodhan-obrach airson luachadh fearainn, le fòcas air:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' làimhseachadh luach neo-mhargaidh agus luach poblach • Ag ionnsachadh bho chleachdadh eadar-nàiseanta • A' beachdachadh air fearann agus an luach aige mar ghoireas ro-innleachdail nàiseanta. | <p>Màrt 24 – Màrt 25</p> |
| Co-thional fearainn airson leasachadh | <p>A' gairm ri chèile coimhearsnachd cleachdaidh gus taic a thoirt do mhodhan-obrach co-thional fearainn a tha co-obrachail agus a' fiosrachadh poileasaidh is cleachdadh gus leasachadh a chomasachadh.</p> | <p>Sultain 23 – Màrt 25</p> |
| Fearann falamh is fàsail | <p>A' dèanamh ath-bhreithneachadh air adhartas gus astar-mheud a chumail a' dol a thaobh lìbhrigeadh air molaidhean a rinneadh le Buidheann-ghnìomha air Fearann Falamh is Fàsail.</p> | <p>Sultain 23 – Màrt 24</p> |



A' toirt taic do bhuileachadh practaigeach Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearann na h-Alba:

Bidh sinn a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh gus daoine agus buidhnean a chuideachadh a bhith a' toirt gu buil prionnsapalan na h-Aithrise air Còraichean agus Dleastanasan Fearann na h-Alba.

|  |  |  |
|--|--|---|
| Deagh chleachdadh ann an seilbheadaireachd, cleachdadh agus rianachd fearainn | A' leasachadh agus a' toirt taic do bhuileachadh nam Pròtocalan air Còraichean agus Dleastanasan Fearainn còmhla ri stiùireadh an cois agus rannsachaidhean-cùise. | Leantainneach |
| | A' lìbhrigeadh prògram leantainneach de chonaltradh agus Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach airson bhàilidhean oighreachdan agus proifeiseantaich eile ann an co-obrachadh le com-pàirtichean. | Leantainneach |
| | A' toirt seachad comhairle do dh'ùachdarain agus manaidsèaran-fearainn a tha ag iarraidh a bhith for-ghnìomhach a thaobh an Aithris air Còraichean agus Dleastanasan Fearann a thoirt gu buil. | Leantainneach |
| | A' toirt seachad comhairle do choimhearsnachdan agus uachdarain far a bheil cùisean-iomagain gan togail a thaobh an Aithris air Còraichean agus Dleastanasan Fearann a thoirt gu buil gus taic a thoirt do dheagh chleachdadh. | Leantainneach |
| | A' gairm na Buidhne Comhairleachaidh air Deagh Chleachdadh mar dhòigh gus conaltradh agus co-obrachadh le luchd-ùidhe. | Leantainneach |
| Buannachdan coimhearsnachd agus togail saidhbhreas bho atharrachadh cleachdadh an fhearainn agus bho chalpa nàdarra | A' foillseachadh stiùireadh agus a' toirt taic do chleachdadh ùr-ghnàthach gus dèanamh cinnteach gum bi atharrachadh cleachdadh an fhearainn agus ionmhas nàdair a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta agus eaconamach airson choimhearsnachdan ionadail, a' gabhail a-steach a' gairm na Buidhne Comhairleachaidh air Buannachdan Coimhearsnachd. | Sultain 23 – Sultain 24 |



A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-màil àiteachais tro dhleastanasan a' Choimiseanair Tuathanas Màil:

Bidh sinn a' toirt taic do libhrigeadh dleastanasan reachdail a' Choimiseanair Tuathanas Màil, a' sireadh sineirgidhean leis a' phrògram-obrach nas fharsainge againn.

|  |  |  |
|---|--|---|
| Còdan-obrach, Stiùireadh agus Obair-cùise | A' dèanamh cinnteach gu bheil Còdan agus Stiùireadh a' dèiligeadh ri cùisean làithrean agus cùisean a tha ag èirigh gus taic a thoirt do dheagh dhàimhean. | Leantainneach |
| | A' freagairt ri ceistean obair-chùise no casaidean gun deach Còdan-obrach a bhriseadh. | Leantainneach |
| Leigeil agus Sònrachadh Ghabhaltasan Àiteachais | A' coileanadh an riatanais reachdail gum feumar neach-luachaidh a chur an dreuchd nuair a tha feum ann gus comas a thoirt do leigeil agus sònrachadh ghabhaltasan àiteachais. | Leantainneach |
| Dreuchd nam bàilidhean oighreachdan – ath-bhreithneachadh air adhartas | A' dèanamh ath-bhreithneachadh air adhartas fa chomhair molaidhean a' Choimiseanair Tuathanas Màil san lèirmheas 2018 air modh-giùlain bàilidhean proifeiseanta nan uachdaran agus luchd-màil. | Sultain 23 – Màrt 24 |
| Fòram Comhairleachaidh air Tuathanachas Màil | A' gairm an Fhòram mar dhòigh chunbhalach airson conaltradh agus co-obrachadh le luchd-ùidhe. | Leantainneach |



A' dèanamh conaltradh le daoine air carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a bhith an sàs ann:

Bidh sinn a' gabhail a-steach am poball agus luchd-ùidhe san obair againn, a' togail co-obrachadh agus a' cleachdadh ar dreuchd mar neach-gairm gus diofar ealantasan agus seallaidhean a thoirt ri chèile le fòcas co-roinnte.

|  |  |  |
|---|--|---|
| Conaltradh poblach | A' brosnachadh agus a' fiosrachadh còmhraidh a' phobail air fearann agus ath-leasachadh an fhearainn tro fhoillseachaidhean, blogaichean, meadhanan agus conaltraidhean | Leantainneach |
| Conaltraidhean agus tachartasan | A' ruith prògram de thachartasan air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh gus cuideachadh le tuigse agus com-pàirteachas ann an cùisean fearainn ann an Alba | Leantainneach |
| A' gairm luchd-ùidhe ri chèile | A' stiùireadh chòmhraidhean gus co-obrachadh agus geur-bheachdan a bhrosnachadh tarsainn nan raointean ceangailte ri fearann mar a tha a dhìth agus tro ghnàth-bhuidhnean, a' gabhail a-steach Buidheann Ceannardais air Fearann Coimhearsnachd, Fòram Comhairleachaidh air Fearann agus Còraichean Daonna, Fòram Comhairleachaidh air Tuathanachas Màil, Fòram Comhairleachaidh air Deagh Chleachdadh | Leantainneach |



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

 info@landcommission.gov.scot

 01463 423 300

 www.landcommission.gov.scot

Lorg sinn air:

